

## MA10: Seanfhacail

### Proverbs

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



ÌRE: **Meadhanach-Àrd**  
CUSPAIR: **Seanfhacail**  
PUINGEAN CÀNAIN: **An tràth teachdail leantainneach le "-as".**

LEVEL: **Intermediate-Advanced**  
TOPIC: **Proverbs**  
LANGUAGE POINTS: **Continuous Present/Future Tense with "-as"**

#### ANGELA:

Tha mòran comhairle anns na seanfhacail Ghàidhlig mu na bu chòir dhut dèanamh agus a ràdh. Nise, ged a bhios mise an seo a' cur às mo chorp, bidh mi a' toirt an aire nach can mi càil nach bu chòir dhomh a ràdh.

Nuair a bhios clann timcheall, cuimhnich:

*An rud a chì na big, 's e a nì na big.*

Agus 's e droch rud a th' ann an cus bruidhinn:

*Am fear as fheàrr a dh'èistean, 's e as fheàrr a chluinneas.*

Agus bruidhinn nach còrd ri daoine:

*Am fear a ghlèidheas a theanga, glèidhidh e a charaid.*

Cuideachd, ma tha thu a' dèanamh an t-uabhas bruidhinn is fuaim 's e fìor dhroch bheachd a bhios aig daoine ort:

*Far an taine an abhainn, 's ann as motha a fuaim.*

*A' bhò as mìosa sa bhuaile, 's i as àirde a nì geum.*

#### ANGELA:

Gaelic proverbs give a lot of advice about what you should do and say. Now, although I'm spouting off here, I am careful not to say things I shouldn't.

When there are children around, remember:

*What the little ones see, the little ones will do.*

And talking too much is not a good thing:

*He who listens best hears the best.*

And saying things people won't like:

*He who holds his tongue will keep his friend.*

Also, if you talk a lot and make lots of noise, people will have a poor opinion of you:

*Where the river is narrowest, greatest is its noise.*

*The worst cow in the field lows the loudest.*

## MA10: Seanfhacail

### Proverbs

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



#### ANGELA:

Abair càineadh! Ach:

*Cha tig às a' phoit ach an toit a bhios innte.*

Cluinnidh tu cuideachd:

*'S e am beul a labhras, ach an gnìomh a dhearbhas.*

Agus, nuair a thig e gu gnìomh, tha moladh mòr anns na seanfhacail air daoine a tha dìcheallach:

*Am fear as fheàrr a chuireas, 's e as fheàrr a bhuainear.*

Do dhaoine leisg, tha rabhadh ann:

*Am fear a bhios fada gun èirigh, bidh e na leum fad an latha.*

Agus nas miosa na sin:

*Am fear a bhios air dheireadh, beiridh a' bhiast air.*

Chan eil math dhut a bhith slaodadh le rudan eile a bharrachd:

*Am fear a bhios fada gun phòsadh, fàsaidh feusag mhòr air.*

Ach tha beagan dòchais ann dhan duine a ghabhas air a shocair, oir:

*Ruigidh each mall muileann.*

#### ANGELA:

What criticism! But:

*Nothing comes out of the pot but the smoke that's in it.*

You will also hear:

*Actions speak louder than words (lit. it is the mouth that speaks, but the deed that proves).*

And when it comes to actions, the proverbs heap praise on people who are diligent:

*He who sows best reaps best.*

For lazy people, there's a warning:

*He who is late to rise will be rushing all day.*

And even worse than that:

*He who is last the beast will catch.*

It's no good to be slow to do other things either:

*He who is slow to get married will grow a long beard.*

But there is some hope for people who take their time, because:

*A slow horse will reach the mill.*

## MA10: Seanfhacail

### Proverbs

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)



#### ANGELA:

Agus:

*Am fear a bhios fada aig an aiseag, gheibh e thairis uaireigin.*

Bheir sinn sùil air ais air cuid de na seanfhacail a bh' agam.

*Am fear as fheàrr a dh'èistean, 's e as fheàrr a chluinneas.*

*Am fear a ghlèidheas a theanga, glèidhidh e a charaid.*

*Far an taine an abhainn, 's ann as motha a fuaim.*

*A' bhò as mìosa sa bhuaile, 's i as àirde a nì geum.*

*Am fear as fheàrr a chuireas, 's e as fheàrr a bhuaineas.*

*Am fear a bhios fada gun èirigh, bidh e na leum fad an latha.*

*Am fear a bhios air dheireadh, beiridh a' bhiast air.*

*Am fear a bhios fada gun phòsadh, fàsaidh feusag mhòr air.*

*Am fear a bhios fada aig an aiseag, gheibh e thairis uaireigin.*

Sin e. Mar sin leat an-dràsta.

#### ANGELA:

And:

*He who waits long at the ferry will get over sometime.*

Let's take another look at some of the proverbs I mentioned.

*He who listens best hears the best.*

*He who holds his tongue will keep his friend.*

*Where the river is narrowest, greatest is its noise.*

*The worst cow in the field lows the loudest.*

*He who sows best reaps best.*

*He who is late to rise will be rushing all day.*

*He who is last the beast will catch.*

*He who is slow to get married will grow a long beard.*

*He who waits long at the ferry will get over sometime.*

That's all. Goodbye for now.